

A POET IN EVERY PORT

Tha Leabharlann Nàiseanta na Bàrdachd air chuairt as t-samhradh airson Bàrd Anns Gach Acarsaid, a' dèanamh fèill air farsaingeachd iolrachd dhual-chainntean, bhlasan, fhaclan is chànanan! Thig a-staigh, agus coimhead timcheall an àite mus sgrìobh thu an dàn agad fhèin!

Sgrìobh an dàn agad fhèin airson Iomlaid nam Faclan

Tha dàn aig gach duine. Dìreach cuir peann ri pàipear is leig leis sruth a dhèanamh.

Tha dàin iomlaid nam Faclan nam bàrdachd ghoirid a bhios a' toirt aire do dh'faclan, abairtean, cànan, blasan is dual-chainntean do sgìre fhèin. 'S e an 'iomlaid' a bhios a' tachairt nuair a bhios tu a' dèanamh:

- Coimeas eadar faclan a chleachdas tu fhèin le faclan eile a chleachdas pàrantan, luchd-cùraim, seann-phàrantan is òigridh.
- Cnuasachadh air faclan a chleachdas tu tric fhathast, a thugadh sìos dhuinn bhon ghluin.
- Ath-bheòthachadh air faclan air am beag chleachdadh, is a bhuineas do na linntean a dh'fhalbh, ann am pìos sgrìobhaidh ùir. Bidh dàn iomlaid nam Faclan a' nochdadh do dhual-chainnt ann, mar phàirt de dh'eachdraidh a' chànan.
- Beachdachadh air na faclan as ùire a fhuair thu o chionn ghoirid.

'S e Roger McGough Tosgaire Bhàrd Anns Gach Acarsaid – bàrd a chòrdas ri mòran daoine is a bhuineas do Pholl a' Ghruthain – seo agad dàn iomlaid nam Faclan aige gus do bhrosnachadh dàn agad fhèin a sgrìobhadh!

Bàrdachd, iasg mòr ann an Linne na Beatha
Roger McGough, air eadar-theangachadh le Marcas
Mac an Tuairneir

Agus 's mòr fios a bhiodh againn oirre, 's sinn chruthaich am facal
Cho math ri kecks, cob ons agus an Liver Bird

Antwacky, clobber, bevvie agus aran sliseagach
Footy gun teagamh, an dà chuid Gorm is Dearg

Scallywags, woolybacks, scrán agus whoppers
Jiggers, blerts, agus bizzies son a' phoileis

'S mi tha nesh 's an t-sid' baltic, an dile bhàite,
Mar sin, ta-ra an-dràsta, 's mi chì yiz sa bhaile.

*(Chòrd e rium sin a sgrìobhadh, agus coltas sruth nam faclan,
is spòrsail gach dual-chainnt, nach dèan sibh ur dicheall?)*

Deuchainnean-ghleusaidh (tagh co-dhiù aon dhiubh):

- Sgrìobh Dhual-chainnt: Sgrìobh liosta cho mòr as urrainn de dh'fhaclan ionadail, no a bhios do theaghlach a' cleachdadh (m.e. far-ainmean airson àiteachan no biadh, fuaimneachaidhean na sgìre, faclan neo-fhoirmeil a chluinneas tu san sgoil / san àite-obrach / sa choimhearsnachd, faclan nas sine nach cluinnear tric san là an-diugh.
- Lorgaire nam Faclan: Iarr a' cheist seo air cuid nas sine no nas òige; 'Cò seòrsa fhaclan a tha thu air cleachdadh, no a bhios tu a' cleachdadh fhathast, air am bithinn eòlach? Sgrìobh na freagairtean.

Sgrìobh na freagairtean an-seo.

Is mithich dhuinn sgrìobhadh!

Feuch dàn de dheich loidhne a dh'fhaide a sgrìobhadh, a bheir a-staigh co-dhiù còig facal 'sean' is còig facal 'ùr'. Le bhith a' dèanamh seo, thig an dàn air leth agad beò.

A bheil bacadh romhad? Feuch loidhne a sgrìobhadh, a' cleachdadh na leanas gus do bhrosnachadh

1. Cleachd faclan do dhual-chainnt ionadail a chòrdas riut, no a bhios tu a' cleachdadh tric.
2. Minich an dòigh a chleachdadh cuid eile (nas sine, nas òige, no a bhuineas do sgìre eile) am facal sin.
3. Sgrìobh coltas do shràid no do bhaile, a' cleachdadh facal do dhual-chainnt.
4. Sgrìobh fuaim a chluinneas tu san sgìre ionadail.
5. Sgrìobh mu traidisean ionadail.
6. Sgrìobh loidhne mu bhìadh, rud sònraichte, no àite, a' cleachdadh ainm ionadail.
7. Sgrìobh cuimhneachan goirid a bhuineas don sgìre ionadail.
8. Cleachd facal uair is uair eile, tron dhàn air fad.
9. Sgrìobh mu rud sònraichte san sgìre ionadail air a bheil thu moiteil.
10. Beachdaich air an dòigh a bhios an dual-chainnt ionadail ag atharrachadh san àm ri teachd.

- Cleachd faclan uair is uair eile ma tha iad cudromach – dèan iad sònraichte san dàn.
- Na gabh cus dragh mu ghràmar.
- Cluich le ruitheam no ath-aithris.
- A bheil thu a' feuchainn brosnachadh a lorg san sgìre ionadail? Ceumnaich air bòrd a' bhus gus cruinneachadh curaidichte de bhàrdachd ann an Gàidhlig na sgìre fhaicinn.
- Thoir an aire do mhoit do sgìre: cleachd faclan a sheallas dhuinn na tha sònraichte no eadar-dhealaichte ann.
- Co-measgachadh nan ginealach: cleachd faclan a chleachdas tu le daoine nas sine, cho math ri faclan a chleachdas tu le daoine nas òige, gus faighinn cò ris a bhios iad coltach, còmhla.

Sgrìobh an dàn agad an-seo.

Coileanta?

Fàg an dàn sa bhogsa-puist anns an Leabharlann Sho-ghluaiste gus a chur ann an tasglann cruinneachadh Leabharlann Nàiseanta na Bàrdachd. Tha an tasglann na dhachaigh don chruinneachadh as motha de bhàrdachd san RA! **A bheil thu airson a chlàradh seach a sgrìobhadh?** Thig air bòrd agus feuch am bothan-fuaime!

Tog dealbh den dhàn gus a chur air na meadhanan sòisealta, a' cleachdadh na tagaichean-hais **#APoetinEveryPort #BàrdAnnsGachAcarsaid**.

A bheil thu ag iarraidh a bhith nad bhàrd no nad sgrìobhadair? Cleachd an còd QR air an làraich-lìn gus tuilleadh fhaighinn a-mach agus do chur an sàs ann an co-fharpais Bhàrd Anns Gach Acarsaid.

Tha dàn aig gach bàrd. Cuiribh ur n-ainm ris an obair agad gus a bhith nad phàirt den chruinneachadh nàiseanta.

Ainm is cinneadh: _____ Aois: _____ Còd-puist: _____

Le bhith a' cur an duilleag-obrach thugaibh, tha mi a' toirt cead seachad an dàn seo a chumail ann an tasglann Leabharlann Nàiseanta na Bàrdachd.

- Tha mi a' toirt cead seachad, cuideachd, an dàn a chur air na meadhanan sòisealta, fo phrosbaig cruinneachadh curaidichte Bhàrd Anns Gach Acarsaid, is gun cuir sibh fios thugam, ma tha mi soirbheachail.

Post-d: _____



Thig an sàs ann an Leabharlann Nàiseanta na Bàrdachd (saor 's an asgaidh!) Faigh tuilleadh a-mach, a' cleachdadh an còd QR

**SOUTHBANK
CENTRE**

Cuir ur dàn anns a' bhogsa